

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Lochan Lunn Dà Bhrà

A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at rodny.maclea@bbc.co.uk. This is Litir 935. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 631 corresponds to Litir 935.

Bha mi ann an àite ùr ann an Loch Abar o chionn ghoirid. Uill, bha mi a’ smaoinichadh gun robh e ùr dhomh. Ach, nuair a chaidh mi ann, dh’aithnich mi e. Choisich mi seachad air an àite anns na naochadan nuair a bha mi air Slighe Taobh an Iar na Gàidhealtachd. An turas seo, ge-tà, cha robh mi a’ coiseachd. Bha mi ann an carbad agus ràinig mi an t-àite às a’ Ghearasdan. ’S e loch a th’ ann air a bheil Lochan Lunn Dà Bhrà. Seadh, Lunn Dà Bhrà – ainm car annasach.

Tha lunn – LUNN – a’ ciallachadh pòla. Mar eisimpleir, canaidh sinn *lunn* ris a’ phòla ann am meadhan ràimh – **am pìos eadar an dòrn agus an liagh**. Agus tha *lunn* a’ nochdadh ann an ainmean-àite. Mar eisimpleir, ann an Siorrachd Pheairt, faisg air a chèile, tha Làirig nan Lunn agus Learg nan Lunn. Tha iad air slighe eadar ceann shuas Ghleann Lìomhann agus Gleann Lòchaidh.

A rèir Faclair Dwelly, tha *lunn* cuideachd a’ ciallachadh ‘*pole of a bier or litter*’. Aig amannan, bhiodh daoine a’ giùlan ciste, le **dust** na broinn, gu cladh le bhith a’ cleachdadh dà lunn. Nam biodh iad a’ falbh à ceann shuas Ghleann Lìomhann tron làirig chun a’ chladh ann an Cill Fhinn, dhèanadh e ciall nam biodh Làirig nan Lunn air an àite mar ainm.

Ach dè mu dheidhinn Lochan Lunn Dà Bhrà? *The lochan of the pole of the two querns or quernstones*. Uill, bhiodh daoine a’ giùlan chlachan-brà le pòla – no lunn – tron toll sa mheadhan. Mus tèid mi ro fhada air an rathad sin, ge-tà, feumaidh mi tionndadh chun a’ sgrìobhaidh aig Màiri NicEalair a bhuineadh do Loch Abar. ’S e sàr-sgoilear na Gàidhlig a bh’ ann am Màiri, agus libhrig i pàipear mun ghnòthach seo gu Comunn Gàidhlig Inbhir Nis anns a’ Chèitean ochd ceud deug is naochad (1890). Bha i dhen bheachd nach e Lochan Lunn Dà Bhrà seann ainm an locha, ach Lochan Dùn Dà Ràth ‘*the lochan of the castle of the two forts*’.

Tha dà eilean anns an loch agus tha a h-uile coltas ann gur e crannagan a bh’ anna. Bha iad air an togail le mac an duine o chionn fhada. ’S ann orrasan a bha na ràthan. Air bruaich an locha, tha baile beag – baile-fearainn – air a bheil Lunn Dà Bhrà. Ma tha Màiri ceart, ’s e Dùn Dà Ràth a bh’ air anns an t-seann aimsir. Bha caisteal ann, agus bha ràth air gach fear de na h-eileanan.

Ach cò bha a’ fuireach anns a’ chaisteal? Uill, seo far a bheil an ghnòthach a’ fàs air leth inntinneach. Tha cuid dhen bheachd gun robh MacBheatha, seann rìgh na h-Alba, a’ fuireach ann. Bha seann luchd-eachdraidh eadhon dhen bheachd gun deach MacBheatha a mharbhadh an sin, seach aig blàr anns an ear-thuath.

Ma leanas tu seachad air Lochan Lunn Dà Bhrà, ruigidh tu gleann a tha a' dol chun an taoibh an iar. Tha an sgìre seo làn ainmean rìoghail – Gleann Rìgh, Abhainn Rìgh agus Innis Rìgh. Tha na soidhnichean ag ràdh gur e Innis Ruighe a th' ann 'the meadow of the slope'. Ach bha Màiri NicEalair riarachtaichte gur e ainmean rìoghail a bh' annta a tha a' ceangal na sgìre sin ri rìgh cho ainmeil 's a th' againn ann an eachdraidh na h-Alba.

* * * * *

Faclan na Litreach: Loch Abar: *Lochaber*; dh'aithnich: *recognised*; na naochadan: *the nineties*; Slighe Taobh an Iar na Gàidhealtachd: *The West Highland Way*; Lunn Dà Bhrà: *Lundavra*; Làirig nan Lunn: *the pass of the poles*; Learg nan Lunn: *the slope of the poles*; baile-fearainn: *farm*; Lunn Dà Bhrà: *Lundavra (English form used for the farm)*; MacBheatha: *MacBeth*; Innis Rìgh: *Inchree*.

Abairtean na Litreach: bha mi a' smaoinichadh gun robh e ùr dhomh: *I was thinking it was new to me*; ràinig mi an t-àite às a' Ghearasdan: *I reached the place from Fort William*; eadar ceann shuas Ghleann Lìomhann agus Gleann Lòchaidh: *between upper Glen Lyon and Glen Lochy*; bhiodh daoine a' giùlan ciste: *people would carry a coffin*; chun a' chladh ann an Cill Fhinn: *to the cemetery in Killin*; feumaidh mi tionndadh chun a' sgrìobhaidh aig Màiri NicEalair: *I must turn to the writing of Mary MacKellar*; a bhuineadh do: *who belonged to*; tha a h-uile coltas ann gur e crannagan a bh' annta: *it appears that they were crannogs*; air an togail le mac an duine o chionn fhada: *built by humans a long time ago*; 's ann orrasan a bha na ràthan: *it's on them that the forts were*; seo far a bheil an gnothach a' fàs air leth inntinneach: *this is where the matter gets really interesting*; seach aig blàr anns an ear-thuath: *rather than in a battle in the north-east*; gur e ainmean rìoghail a bh' annta: *that they were royal names*; rìgh cho ainmeil 's a th' againn ann an eachdraidh na h-Alba: *a king as famous as any in the history of Scotland*.

Puing-chànain na Litreach: am pìos eadar an dòrn agus an liagh: *the piece between the handle and the blade. Here is the terminology for the parts of an oar* (ràmh): *handle – dòrn, midpart – lunn; blade – liagh or ite; rowlock or thole pin – putag or bac. A pleadhag or pleadhan, the paddle used by a kayaker or similar, has the same terminology as far as I am aware – but if you have different terms, please let me know. If somebody is paddling, we say tha e a' pleadhagaich (na curaich). But we have a special word for rowing – iomradh – and we say tha e ag iomradh (na geòla).*

Gnàthas-cainnt na Litreach: le dust na broinn: *with a dead body (mortal remains) inside it.*

Tha “Litir do Luchd-ionnsachaidh” air a maoinichadh le MG ALBA